Fiosrachadh mu Phrìobhaideachd
Cuairt-litir Sabhal Mòr Ostaig

’S e an Rianadair Dàta airson an fhiosrachaidh a thathar a’ cruinneachadh: Sabhal Mòr Ostaig, Teanga, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Fòn: 01471 888 000.

A thaobh cheistean no dhraghan sam bith a th’ agaibh mu mar a thathar a’ cleachdadh ur dàta pearsanta, faodaidh sibh fios a chur chun an Rianaire Dìon Dàta aig gdpr@smo.uhi.ac.uk no chun an Oifigeir Dìon Dàta aig dataprotectionofficer@uhi.ac.uk.

Tha an aithris seo air prìobhaideachd a’ buntainn ris na leanas:

Cuairt-litrichean a chuireas Sabhal Mòr Ostaig thugaibh gus fios a chumail ribh mu thachartasan is nithean sa bheil ùidh agaibh.

Cleachdar am fiosrachadh agaibh airson nan adhbharan seo:

Cuiridh Sabhal Mòr Ostaig cuairt-litrichean thugaibh, mu thachartasan agus nithean sa bheil ùidh agaibh, chun an t-seòlaidh phuist-d a thug sibh seachad.

’S e ar n-adhbhar laghail gus an dàta a chleachdadh:

Gun tug sibh cead dhuinn a chleachdadh. Faodaidh sibh an cead agaibh a tharraing aig àm sam bith le bhith a’ cur post-d gu: margaideachd@smo.uhi.ac.uk no le bhith a’ toirt ur n-ainm far na liosta-sgaoilidh.

Cumar an dàta agaibh airson na h-ùine a leanas:

Cumar an dàta agaibh, gus an urrainnear cuairt-litrichean a chur thugaibh, airson 5 bliadhna no gus an t-àm nuair a dh’innseas sibh dhuinn nach eil sibh a’ toirt cead dhuinn tuilleadh airson a chleachdadh no nuair a dh’iarras sibh oirnn ur n-ainm a thoirt far na liosta-sgaoilidh.

Seo na còraichean a th’ aig na daoine ris am buin an dàta:
- A’ chòir gus cothrom fhaighinn air an dàta phearsanta agaibh
- A’ chòir gus a cheartachadh ma tha mearachdan san dàta phearsanta a th’ againn mur deidhinn
- A’ chòir gus mar a chleachdar an dàta pearsanta agaibh a chuingealachadh

Tha na còraichean a leanas agaibh dìreach ann an cuid a shuidheachaidhean:

- A’ chòir gus an cead agaibh a tharraing a thaobh a bhith a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh nuair a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh air an stèidh laghail, gun d’ fhuair sinn ur cead
- A’ chòir gus cur an aghaidh mar a tha sinn a’ cleachdadh an dàta phearsanta agaibh
- A’ chòir gus iarraidh oirnn an dàta pearsanta agaibh a dhubhadh às
- A’ chòir air dàta a bhios so-ghiùlan

Cuideachd, tha a’ chòir agaibh gus gearan a thogail le Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh mu mar a chleachd sinn an dàta agaibh.

’S e a th’ ann an Oifis Coimiseanair an Fhiosrachaidh, ùghdarras neo-eisimeileach na RA a chaidh a stèidheachadh airson dìon a chur air còraichean fiosrachaidh a chum leas a’ phobaill. Seo an làrach-lìn aca www.ico.org.uk.